

Ailean Maclain

8 Samhain– 13 Dùbhlachd 2015

Tha Stèidheachd na Gàidhealtachd airson Ealain Cho-aimsireil dol a chumail taisbeanadh le Ailean Maclain, a' fosgladh air Didòmhnaich 8 Samhain, 2015, 2-5f.

Thèid ro-shealladh den taisbeanadh, a' gabhail a-steach deasbaireachd phoblach eadar Maclain agus Murchadh Dòmhnallach, Proifeasair Eachdraidh Ealain na h-Alba ann an Oilthigh Dhùn Dèagh, a chumail cuideachd ann an HICA air Disathairne 7 Samhain, bho 2-5f.

'S e aon de phrìomh luchd-ealain eas-chruthachail, geoimeatraigeach a th' ann am Maclain. Tha an obair aige a' foillseachadh feartan ailtireachd innte fhèin, agus mar dhòigh air obrachadh le farsaingeachd. A' gabhail ri farsaingeachd ailtearail ghailearaidhean tro dhealbhan-balla, tha Maclain a' leasachadh co-aontachd riatanach eadar co-rèiteachadh nàdarraich de shuidheachadh sealach, tro obair ann an loidhnichean beaga neo-chunbhalach peansail, agus a' cruthachadh bhuapa sin, structairean mionaideach, mòr, dealbhaichte.

Tha an dealbhadair ag ràdh gu bheil an obair aige "na shaothair uile-làthaireach le cruthachadh faileis". Thathas air cunntas a thoirt air na structairean dìreach sin mar 'sgrìonaichean falamh filme', mar rùm airson ar freagairtean is ar ro-mheasaidhean fhèin, a tha, 's dòcha, a' gabhail a-steach 'faileas' an luchd-amhairc fhèin mar thoradh den bhuaidh aca ann an coileanadh nan obraichean sin. Dh'fhaodar beachdachadh cuideachd air làthaireachd an dealbhadair fhèin, mar fuidheall a chaidh a chruthachadh ann an coileanadh nan obraichean sin.

Tha na h-atharrachaidhean sgèile a th' ann an obair Mhiclain a' taisbeanadh còmhraidh eadar meanbhachd is tomadachd; na structairean mòra aca gan cruthachadh tro ghnìomhachd bheag is air leth. Mar sin tha iad a' brosnachadh beachd an neach-amhairc mu bhith a' beachdachadh air an eòlas fhèin taobh a-staigh a' cho-cheangail seo. Le bhith a' beachdachadh air fìorachd is corpòrachd na meanbhachd is na tomadachd, tha iad a' lorg gnìomhan daonna taobh a-staigh comasachd eadar neo-chrìochnachd is àrainneachd.

Bidh dealbh-balla a chaidh a dhèanamh mar fhreagairt dha nàdar farsaingeachd HICA is obair co-cheangailte san taisbeanadh.

A' taisbeanadh gu h-eadar-nàiseanta bho tràth sna 1970an, tha taisbeanaidhean pailt Mhiclain a' gabhail a-steach taisbeanaidhean aon-neach ann an Tate Britain; the Henry Moore Institute, Leeds; Taigh-tasgaidh Ealain New Bedford, SAA; Gailearaidh Slewe, Amsterdam; Obair-lann Rannsachaidh Eadar-chuspaireach nan Ealan, Tbilisi; Taigh-tasgaidh Ealain Finealta Houston, SAA; Haus Wittgenstein, Vienna; Taigh-tasgaidh Ealain Bheò, Reykjavik; Taigh an Inbhir, Dùn Èideann; Gailearaidh Lisson, Lunnainn; Taigh-tasgaidh Nuadh Ealain, Oxford; Taigh-tasgaidh Von der Heydt, Wuppertal; Gailearaidh Shimada, Yamaguchi/Tokyo.

Tha an taisbeanadh air taic fhaighinn bho Alba Chruthachail agus bho Craig & Rose. www.craigandrose.com

Bidh e a' ruith bho 8 Samhain – 13 Dùbhlachd 2015, agus bidh e fosgailte gach Didòmhnaich 2-5f, no le bhith a' cur amannan sònraichte air dòigh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh no ìomhaighean cuir fios gu Geoff Lucas no Eilidh Lucas aig:

HICA, Dail Crombaidh, Loch Ruadhainn, Dubhras, Siorrachd Inbhir Nis, IV2 6UA, UK

T: +44 (0)1808-521-306

info@h-i-c-a.org

www.h-i-c-a.org